

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# BÒRD NA GÀIDHLIG A' SIREADH CEANNARD

13 Am Màrt 2009

Thèid Ceannard ùr fhastadh do Bhòrd na Gàidhlig, 's dòcha an dreuchd as cudromaire ann an saoghal na Gàidhlig, mar thoisearch-tòiseachaidh air atharraichean ann am bun-structar agus gnìomhan na buidhne.

Tha am Bòrd, a' phrìomh bhuidheann poblach a tha an-sàs ann an leasachadh agus dealbhachadh suidheachadh na Gàidhlig, a' sireadh Ceannard stèidhichte a stiùireas gach atharrachadh a tha gu bhith a' tighinn air a' Bhòrd fhèin agus cuideachd a bhios a' lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Nuair a chaidh Art MacCarmaig ainmeachadh mar Chathraiche ùr a' Bhùird bho chionn ghoirid, thuirt Micheal Ruiseal BPA, Ministear airson Cultair, Chùisean Taoibh A-muigh agus a' Bhun-Reachd, gu robh e fhèin airson is gun gluaiseadh gnothaichean an aithghearrachd agus gum biodh pròiseas Ceannard a chur an-san-sàs aig a' Bhòrd taobh-staigh mìosan.

Thuirt e an-diugh: "Tha mi air leth toilichte gu bheileas a-nis air pròiseas taghaidh na h-obrach seo a chur an gnìomh. 'S e obair fior chudromach a tha seo a thaobh seasmhachd na Gàidhlig agus lìbhrigeadh a' Phlana Nàiseanta. Tha deagh rùintean agus sealladh gu math soilleir aig Ministearan na h-Alba airson na Gàidhlig anns an dùthaich seo, agus tha a' cheart uibhir de dhùil aig coimhearsnachd na Gàidhlig gun soirbhich leinn. Bidh an dreuchd seo a' cur an gnìomh neach a th'air an aon ràmh agus aig a bheil na h-aon rùintean, agus a bheir am Bòrd air adhart le modhan-obrach stèidhichte air rannsachadh agus dearbhadh mionaideach a thaobh dealbhachd cànan aig cridhe gach suidheachadh, innleachd is gnìomh."

A' bruidheann an dèidh coinneamh dhen Bhòrd fhèin an t-seachdainn seo, thuirt Mghr MacCarmaig: "Tha Bòrd na Gàidhlig a' lorg Ceannard a stiùireas a' bhuidheann le taic, co-thionail agus coluadar choimhearsnachd na Gàidhlig gu h-iomlan. Bidh e 'a phrìomhachas aig an neach sin a dhol an-sàs ann an bhith a' leasachadh agus a' seasamh còraichean na Gaidhlig agus a bhith a' libhrigeadh gach amas a chaidh a mhìneachadh anns a' Phlana Nàiseanta. Bidh an Ceannard a' dèiligeadh ri gach atharrachadh a tha romhainn a thaobh bun-structar agus cumadh an luchd-obrach feuch an coilean sinn tro ar gnìomhan rùintean is miann choimearsnachd na Gàidhlig. Tha fiughar againn cluinntinn bho neach sam bith aig a bheil ùidh anns an dreuchd a tha seo."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Tha sanasan a' nochdadhan am paipearan naidheachd ionadail agus air a bhith ann am paipearan nàisesanta agus tha an tuilleadh fiosrachaiddh ri fhaighinn air làrach-lin a' Bhùird fhèin – [www.bord-nan-gaidhlig.co.uk](http://www.bord-nan-gaidhlig.co.uk). Bu chòir tagraighean airson an h-obrach mar Cheannard air Bòrd na Gàidhlig a chur gu comhairlichean a' Bhùird ro Dhihaoine, an 27mh dhen Mhàrt, aig Diamonds HR Ltd. ann an DunEideann, tron phost àbhaisteach no post-dealain.

**Bu chòir fiosrachadh a shireadh bho Barbara Robasdan, Stiùiriche, Diamonds HR Ltd, Lady Nairne Loan, Duneideann EH8 7NJ anns a' chiad àite. Àireamh fòn: +44 131 661 6671 fòn-làimhe: 07767 276 270; post-dealain l:[Barbara@diamondshr.co.uk](mailto:Barbara@diamondshr.co.uk)**

Airson barrachd fiosrachaiddh mu ghnothach sam bith an luib an naidheachd seo fhèin, cuir fios gu Uisdean MacLlnnein air 0751 528 7040.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## BÒRD NA GÀIDHLIG BEGINS PROCESS TO SELECT CEANNARD

**13 March 2009**

The process for the recruitment for the post of Ceannard (Chief Executive) of Bòrd na Gàidhlig, arguably the most important job in Gaelic development, has signalled the start of a restructuring of the Bòrd's activities.

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body promoting and developing the Gaelic language, is seeking a permanent leader to manage planned changes in its activities and implement the National Plan for Gaelic.

Confirming the appointment of Arthur Cormack as the new Chair of Bòrd na Gàidhlig recently, Michael Russell MSP, Minister for Culture, External Affairs and the Constitution, noted that he wished the restructuring to move quickly and have a Ceannard in place within a matter of months. He said today: "I am pleased that the appointment process for this crucial post is now under way. It is a job of the utmost importance with regard to Gaelic's sustainability and the delivery of the National Plan. Scottish Ministers have clear ambitions for Gaelic in Scotland, and there are equally high expectations from the Gaelic community. This role requires someone who shares these ambitions and can take Bòrd na Gàidhlig forward with robust, evidence-based approaches to language planning at the heart of everything it does."

Speaking at the conclusion of a meeting of the Bòrd this week, its Chair, Arthur Cormack, said: "Bòrd na Gàidhlig is looking to confirm someone in the key post of Ceannard who can take the organisation forward with the support and involvement of the whole Gaelic community. The key challenges are to engender, develop and sustain commitment to the Gaelic language and deliver the objectives set out in the National Plan for Gaelic. The CEO will be involved in restructuring our staffing complement and the delivery of our activities so that we can meet the aspirations of the Gaelic community and we look forward to hearing from potential candidates."

Applications for the post of Ceannard of Bòrd na Gàidhlig should be received by **Friday, 27<sup>th</sup> March** by the Bòrd's advisors, Diamonds HR Ltd. in Edinburgh, by email or post.

**Potential applicants should contact Barbara Robertson, Managing Director, Diamonds HR Ltd, Lady Nairne Loan, Edinburgh EH8 7NJ**

**Tel: +44 131 661 6671    Mob: 07767 276 270; Email: [Barbara@diamondshr.co.uk](mailto:Barbara@diamondshr.co.uk)**

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



For further information on the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.